

# Forest Heritage Scotland

*Discover your roots in Scotland's forests*

[www.forestheritagescotland.com](http://www.forestheritagescotland.com)

***Bean 'folbh aig sithichean***

***Read by Anne Sinclair***

Bha duine ann ris an abradh iad Alasdair Liath - 's e Robastanach 'bh'ann - ann am Bohespic shuas, air oighreachd Dhiùc Adhoill. Dh'fhalbh 'bhean aige gu dol thun na mòine, agus cha robh fhios aca c'ionadh a chaidh i, cha tàinig i dhachaigh 'dh'innse an sgèil, agus thug i seachd bliadhna air falbh.

Lahta àraidh bha 'n duine aice agus coimhearsnach suas air an t-sliabh ma cheann shuas Sliabh Bohespic 'buain cùlag air son tubhadh thaighean. Chaul' iad osag ioma-ghaoith' 'tighinn thairis air Geata an t-Sliabh; agus thuir Alasdair Liath ris a' choimhearsnach e 'thogail cròg thalmhainn 'thilgeil 'n àird anns an ioma-ghaoith, agus thàinig bean 'bhan air an talamh. Agus thuir Alasdair Liath nam biodh 'bhean aige beo gum b'e siud 'bhean aige. Chaidh iad a bhruidhinn ris a' bhean agus dh'innis i gun robh i cuide ris na sithichean 'dannsabh agus ri ceòl. Agus cha d'aithnich i na seachd bliadhna ach mar aon là. Agus thug i iomadh latha 's bliadhna cuide ris an duine aice an dèidh bhith seachd bliadhna cuide ris na sithichean.

*Story collected from Mrs MacPherson and read by Anne Sinclair from 'Tales from Highland Perthshire Collected by Lady Evelyn Stewart Murray' - Translated and Edited by Sylvia Robertson and Tony Dilworth*

This is the transcript of the audio file available at  
[www.forestheritagescotland.com](http://www.forestheritagescotland.com)

